Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Doire na Smeòraich (1)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,425. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,121 corresponds to Litir 1,425. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir *and* www.learngaelic.scot/litir. *Ruairidh can be contacted at* fios@learngaelic.scot.

Bha mi ag innse dhuibh mun òran Leòdhasach 'Thugainn a Rùin'. Nuair a chuala mi e, thàinig e a-steach orm sa mhionaid gun robh mi air òran eile a chluinntinn air an aon fhonn. 'S e sin an t-òran 'Doire na Smeòraich'.

Chaidh mi air ais don làraich-lìn, far an cuala mi 'Thugainn a Rùin', agus bha seo sgrìobhte ann: 'Thugainn a Rùin air fonn "Doire na Smeòraich"'. Gu dearbh, bha 'Doire na Smeòraich' na bu shine na 'Thugainn a Rùin'.

Tha an dà òran ceangailte ri chèile ann an dòigh, a bharrachd air an fhonn. Seo a' chiad loidhne dhen òran tùsail – 'Ò, tiugainn a rùin, a-null am bealach'. Tha *tiugainn* agus *thugainn* a' ciallachadh an aon rud. Tha faclair Dwelly ga mhìneachadh mar seo: *'tiugainn – come, let us go [from deaspirated thugainn, to us, for chugainn' [le 'ch'].*

'S dòcha gur e as coireach ris an diofar gun robh Murchadh MacIlleMhoire, a sgrìobh am facal mar *thugainn,* à Leòdhas. Bha Niall MacLeòid, a sgrìobh *tiugainn* ann an 'Doire na Smeòraich', às an Eilean Sgitheanach.

A bheil sibh a' tuigsinn an tiotail – 'Doire na Smeòraich'? *The copse of the thrush*. Seo mar a tha a' chiad rann dhen òran a' dol:

Ò, tiugainn a rùin, a-null am bealach,
'S na lusan cho ùr fo dhriùchd na meala,
Nach cluinn thu na ciùil tha 'n dlùths a' bharraich,
Le sùrd an Doire na Smeòraich?

'S e am bàrd Sgitheanach, Niall MacLeòid, a sgrìobh an dàn. Bhuineadh esan do Ghleann Dail ann an ceann an iar-thuath an eilein. Nise, nuair a bhios tu a' dràibheadh gu ruige Gleann Dail, bidh thu a' dol tarsainn bealach. Mar sin, **a bheil Doire na Smeòraich na h-àite** ann an Gleann Dail? An e fìor àite a th' ann?

Thug mi sùil air na mapaichean. Cha do lorg mi coille no doire le 'smeòrach' anns an ainm ann an Gleann Dail. Thug mi sùil air an òran a-rithist airson tuilleadh fiosrachaidh mun àite:

Nach tric thug sinn sgrìob, mo rìghinn lurach,
A thional nan dìthean mìn fon duilleach,
'S a' mireag leinn fhìn gun sgìos, gun mhulad,
A' dìreadh Doire na Smeòraich.

Aha – a' dìreadh Doire na Smeòraich. Bha an doire shuas àrd – air cnoc no druim math dh'fhaodte.

Thug mi sùil an uair sin na b' fhaide a-mach na Gleann Dail – air feadh na Gàidhealtachd, gu dearbh. Agus lorg mi dìreach aon sgìre far a bheil 'smeòrach' a' nochdadh ann an ainmean-àite.

Tha sin ann an Loch Aillse, faisg air Uachdar Thìre. Tha talamh àrd ann air a bheil *Sròn na Smeòraich*. Faisg air làimh tha *Loch na Smeòraich*. Tha allt a' sruthadh às an loch. **'S e *Allt Loch na Smeòraich* a th' air**. Gu h-inntinneach, tha loch eile faisg air làimh air a bheil Loch a' Bhealaich. Saoil an robh doire ann uaireigin 'a-null am bealach', agus 'Doire na Smeòraich' oirre mar ainm?

Chan urrainn dhomh sin a dhearbhadh – ach tha na h-ainmean-àite Aillseach sin gu math snog. 'S toigh leam àiteachan far a bheil eòin agus ainmhidhean a' nochdadh anns an ainm. Saoilidh mi, ge-tà, nach ann a-mach air fìor àite a bha Niall MacLeòid nuair a sgrìobh e 'Doire na Smeòraich'. Bha an t-àite sin mac-meanmnach. Bheir sinn sùil a bharrachd air an òran anns an ath Litir.

* * * * *

Faclan na Litreach: Murchadh MacIlleMhoire: *Murdo Morrison;* Niall MacLeòid: *Neil MacLeod;* Gleann Dail: *Glendale;* a' dìreadh: *climbing, ascending;* Loch Aillse: *Lochalsh;* Uachdar Thìre: *Auchtertyre;* Aillseach: *belonging to Lochalsh;* mac-meanmnach: *imaginary.*

Abairtean na Litreach: thàinig e a-steach orm sa mhionaid: *it came to me immediately;* gun robh mi air òran eile a chluinntinn air an aon fhonn: *that I had heard another song to the same tune;* chaidh mi air ais don làraich-lìn: *I went back to the website;* na bu shine na: *older than;* tiugainn a rùin, a-null am bealach: *let's go darling, over the pass;* 's na lusan cho ùr fo dhriùchd na meala: *and the plants so fresh under the honeyed dew;* nach cluinn thu na ciùil tha 'n dlùths a' bharraich: *won't you hear the music around the treetops;* le sùrd an Doire na Smeòraich: *with cheerful energy in the copse of the thrush;* nach tric thug sinn sgrìob, mo rìghinn lurach: *wasn't it often we took a trip, my lovely maid [rìghinn is dialectal for rìbhinn];* a thional nan dìthean mìn fon duilleach: *collecting the dainty flowers under the leafy trees;* 's a' mireag leinn fhìn gun sgìos, gun mhulad: *playing by ourselves without weariness or sadness;* chan urrainn dhomh sin a dhearbhadh: *I can't affirm that;* 's toigh leam àiteachan far a bheil eòin agus ainmhidhean a' nochdadh anns an ainm: *I like places where birds and animals appear in the name;* saoilidh mi, ge-tà, nach ann a-mach air fìor àite a bha Niall MacLeòid nuair a sgrìobh e X: *I don't reckon, however, that Neil MacLeod was writing of a real place when he composed X.*

Puing-chànain na Litreach: **a bheil Doire na Smeòraich na h-àite?**: ***is Doire na Smeòraich a place?*** *This means literally 'is Doire na Smeòraich in her place?' using the dative case to express identity [e.g.* a bheil i na tidsear *'is she in her teacher' i.e. is she a teacher?']* Doire *is a feminine noun, thus the phrase uses the third person singular feminine possessive pronoun, and places the h- in front of the vowel [which it wouldn't with a masculine structure].*

Gnàthas-cainnt na Litreach: **'S e *Allt Loch na Smeòraich* a th' air: *it's called Allt Loch na Smeòraich.***

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA